

Sgìrean Eileanan na h-Alba (2023): Àrd-shealladh



A' teannadh air Eilean Ì, Na h-Eileanan A-Staigh, Alba



RESAS

Rural & Environmental Science
and Analytical Services



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

Ro-ràdh

'S e seo stiùireadh goirid air Sgìrean Eileanan na h-Alba (2023) – cruinn-eòlas ùr son a bhith a' cruinneachadh eileanan na h-Alba fo naoi sgìrean eadar-dhealaichte. Tha an cruinn-eòlas ùr seo stèidhichte air Frèam-obrach Sgìrean Eileanan na h-Alba (2020) (Leas-phàipear 1) a chaidh a dhealbh sa chiad àite le Ionad James Hutton (JHI) is a bh' air a chleachdadh mar bhunait son Rannsachadh Plana Nàiseanta nan Eilean (2020). Anns na dhà dhiubh tha naoi sgìrean eileanan fa leth. Chaidh aontachadh gun dèigheadh an cruinn-eòlas ùrachadh gus am biodh e nas seasmhaich san àm ri teachd is nach fheumadh ùrachadh a dhèanamh gach trup a dh'atharraicheadh inbhe sluaigh eilein.

Aig àm a' Chunntais-shluaigh ann an 2011, bha 93 eileanan Albannach anns an deach co-dhiù aon neach a chlàradh. Ach, 's ann fìor ghann a tha an slugh ann am mòran dhiubh. Tha dùbhlán an lùib seo a thaobh gach cuid cruinneachadh is mìneachadh dàta mu shluagh eileanach na h-Alba. 'S e a bhith a' cruinneachadh eileanan mar sgìrean aon dhòigh far an urrainnear rannsachadh a dhèanamh air slugh eileanach na h-Alba a dh'aindeoin nan dùbhlán seo.

Tha an aithisg seo air ullachadh fo na còig roinnean a leanas:

1. Sgrùdadh ùr Sgìrean Eileanan na h-Alba (2023)
2. Eileanan Chlàran Nàiseanta na h-Alba (NRS) nach eil mar phàirt de Sgìrean Eileanan na h-Alba (2023)
3. Na tha eadar-dhealaichte eadar Ionad James Hutton (JHI) is Sgìrean Eileanan na h-Alba (2023)
4. Co-dhùnadh
5. Goireasan eile
6. Leas-phàipear 1: Sgìrean Eileanan na h-Alba aig Ionad James Hutton (2020)




RESAS

Rural & Environmental Science
and Analytical Services



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

Mapa Sgìrean Eileanan na h-Alba (2023)



© Copyright National Records of Scotland. All rights reserved Scottish Government 2023. © Crown copyright and database right 2023. Ordnance Survey (OS Licence number 100024655).

Scottish Government Geographic Information Science & Analysis Team. June 2023. Job6304.



RESAS

Rural & Environmental Science
and Analytical Services



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

Sgìrean Eileanan na h-Alba (2023)

Chaidh cruinn-eòlas Ionad James Hutton (2020) ath-sgrùdadh gus an gabhadh e a-steach a h-uile Eilean Albannach (Tùs: Eileanan NRS) a tha an-dràsta, no a bha roimhe, le sluagh is a tha air sgàth sin air còd sònraichte trì-fhigearach fhaighinn. Anns a' chlàr gu h-ìosal chithear eileanan Chlàran Nàiseanta na h-Alba (NRS) am broinn gach Sgìre Eilein na h-Alba (son aithghearrachd, far a bheil iomadh ainm aig eilean, cha deach ach aon a chleachdadh).

| Sgìre Eilein na h-Alba | Eileanan NRS |
|---|---|
| Eileanan Earra-Ghàidheal | An Calbh, Càra, Colla, Colbhasa, An Duibhirteach, Eisdeal, Eilean an Stalcaire, An t-Eilean Buidhe, Eilean Dà Mhèinn, Eilean an Lònain, Eilean Mhùsdail, Aoraisge, Erraid, Gomastra, Innis Choinnich, Eilean Ì, Eilean Dà Bharra, Ìle, Dana, Giogha, Muile, Diùra, Cearrara, Lios Mòr, Colbhasa Beag, Luìng, Lunga (Luìng), Orasa, Eilean Orasaigh, Rubha Fiola, Rubha nan Gall, Àbhainn, Sgarba, Saoil, Siùna (Luìng), Siùna (Lios Mòr), An Sgeir Mhòr, Teuca, Tiriodh, Tòrsa, Ulbha |
| Arainn, Bòd is na Cumaraidhean | Bòd, Cumaradh Mòr, An t-Eilean Àrd, Innis Meàrnaig, Arainn, Cumaradh Beag, Plada |
| Eileanan na Gàidhealtachd | Canaigh, Càrna, Cnoc na h-Àirigh, Cnoc nan Uighean, Eige, An t-Eilean Bàn, Eilean Donnain, An t-Eilean Dubh, Eilean Flada, Eilean Hòiriosdail, Eilean Seòna, An t-Eilean Tioram, Eilean Sròma, Eilean Mhàrtainn, Eilean Iù, Ratharsair, An t-Eilean Sgitheanach, Eilean nam Muc, Eilean Iarmain, Pabaigh, Rònaigh (An t-Eilean Sgitheanach), Rùm, An t-Eilean Gainmhich (Canaigh), Sgalpaigh (An t-Eilean Sgitheanach), Sòthaigh, Tamhnara Mòr |
| Leòdhas agus Na Hearadh, Beàrnaraigh Leòdhais agus Sgalpaigh | Boraraigh (Hiort), Eilean Mòr (Na h-Eileanan Flannach), Eannaigh, Eilean na Gobhail, Beàrnaraigh Mhòr, Eilean Leòdhais, Pabaigh, Sgalpaigh (Na Hearadh), An Sgarb, Hiort, Tarasaigh |
| Arcaibh – Tìr-mòr is ceangailte | Burray, Lamb Holm, Tìr-mòr Arcaibh, Ronaldsay a Deas |
| Arcaibh – Eileanan A-Muigh | Auskerry, Cava, Copinsay, Eday, Egilsay, Fara, Flotta, Gairsay, Graemsay, Helliar Holm, Holm de Ghribister, Hoy, Holm A-Staigh, Muckle Skerry (Sgèirean a' Chaoil Arcaich), Ronaldsay a Tuath, Papa Stronsay, Papa Westray, Rousay, Sanday (Arcaibh), Shapinsay, Stronsay, Sule Skerry, Swona, Westray, Wyre |
| Sealtainn – Tìr-mòr is ceangailte | Burra an Ear, Tìr-mòr Shealtainn, Muckle Roe, Trondra, Burra an Iar |
| Sealtainn – Eileanan A-Muigh | Bressay, Bruray, Fair Isle, Fetlar, Foula, Grunay, Housay, Eilean Noss, Muckle Flugga, Papa Stour, Unst, Vaila, Whalsay, Yell |
| Eileanan Uibhist is Bharraigh | Am Baile Sear, Barraigh, Beinn na Faoghla, Beàrnaraigh na Hearadh, Beàrnaraigh (Bhatarsaigh), Boighreigh, Caisteal Chiosmail, Eilean a' Ghiorr, Eilean Leathann, Lèireabhagh, Eilean Mhidhinis, Eilean na Cille, Eilean na h-Àirigh, Èirisgeigh, Flòdaigh, Fraoch-eilean, Griomasaigh (Tuath), Griomasaigh (Deas), Lingeigh, Miùghalaigh, Uibhist a Tuath, Orasaigh, Rònaigh, Sibhinis, Uibhist a Deas, Sùnamul, Bhatarsaigh |

Eileanan Albannach nach eil mar phàirt de Sgìrean Eileanan na h-Alba (2023)

Air an liostadh gu h-ìosal tha na h-eileanan Albannach a tha mar phàirt de mhìneachadh Eileanan Chlàran Nàiseanta na h-Alba le còd trì-fhigearach sònraichte ach nach eil mar phàirt de Sgìrean Eileanan na h-Alba (2023).

Chaidh na h-eileanan seo fhàgail a-mach leis nach eil iad a' coileanadh a' mhìneachaidh de dh'Eilean a lorgar ann an Achd nan Eilean (Alba) 2018:

“pìos fearainn nàdarra a tha cuairtiche air gach taobh leis a' mhuir (a' leigeil seachad structaran fuadain mar dhrochaidean), agus os cionn na mara aig làn àrd.”

agus/no chan eil iad ann an aon de na sia Ùghdarrasan Ionadail, Earra-Ghàidheal agus Bòd, Comhairle nan Eilean Siar, a' Ghàidhealtachd, Siorrachd Àir a Tuath, Eileanan Arcaibh, Eileanan Shealtainn, anns a bheil eileanan a rèir mìneachadh Achd nan Eilean (Alba) 2018.

| Ainm | Còd NRS |
|------------------------------|---------|
| Creag Ealasaid | 001 |
| Ardwall Isle | 003 |
| Am Bas | 008 |
| Taigh-solais Rubha Bhùchainn | 171 |
| Eilean Monadh Chraoibh | 088 |
| Innis | 002 |
| Innis Ceap | 009 |
| Innis Choluim | 065 |
| Innis Chonnachain | 066 |
| Innis Chruinne | 150 |
| Innis Fhada | 067 |
| Innis Ceid | 068 |
| Innis Lònaig | 152 |
| Innis Mo Cholmaig | 168 |
| Innis Mearain | 070 |
| Innis Taigh a' Mhanaich | 071 |
| Innis Chonnain | 072 |
| Eilean May | 087 |
| Tìr-mòr na h-Alba | 000 |



RESAS

Rural & Environmental Science
and Analytical Services



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

Na tha eadar-dhealaichte eadar Sgìrean Eileanan Ionad James Hutton (2021) is Sgìrean Eileanan na h-Alba (2023)

Tha atharrachaidhean air an liostadh gu h-ìosal.

Ainmean Sgìrean Eileanan na h-Alba 2023 (seann ainmean 2020)

Eileanan na Gàidhealtachd (roimhe An t-Eilean Sgitheanach is na h-Eileanan Tarsainn)

Leòdhas is Na Hearadh, Beàrnaraigh Leòdhais is Sgalpaigh (roimhe Leòdhas is na Hearadh)

Arcaibh – Tìr-mòr is ceangailte (roimhe Tìr-mòr Arcaibh)

Sealtainn – Tìr-mòr is ceangailte (roimhe Tìr-mòr Shealtainn)

Eileanan Uibhist is Bharraigh (roimhe Uibhist is Barraigh)

Eileanan aig a bheil còd sònraichte trì-fhigearach Eileanan NRS a chaidh a chur ri cruinn-eòlas 2020 gus Sgìrean Eileanan na h-Alba (2023) a chruthachadh.

Càrna, Eilean Donnain, Eilean Dà Bharra, Eilean Sròma, Sanndaigh, An Calbh, Càra, An Duibhirteach, Eilean an Stalcaire, Eilean an Lònain, Eilean Mhùsdail, Innis Choinnich, Colbhasa Beag, Lunga (Luing), Orasaigh, Sgarba, Siùna (Lios Mòr), An Sgeir Mhòr, Teucsas, Tòrsa, Innis Meàrnaig, Cumaradh Beag, Plada, Boraraigh (Hiort), Eilean Mòr (Na h-Eileanan Flannach), Eannsaigh, Eilean na Gobhail, Pabaigh, An Sgarb, Hiort, Tarasaigh, Lamb Holm, Cava, Copinsay, Fara, Helliar Holm, Muckle Skerry (Sgèirean a' Chaoil Arcaich), Papa Stronsay, Sule Skerry, Swona, Grunay, Eilean Noss, Muckle Flugga, Cnoc na h-Àirigh, Cnoc nan Uighean, An t-Eilean Bàn, An t-Eilean Dubh, Eilean Flada, Eilean Hòiriosdail, Eilean Iarmain, Pabaigh, Beàrnaraigh (Bhatarsaigh), Caisteal Chiosmail, Eilean Lèireabhaigh, Eilean Mhidhinis, Eilean na Cille, Lingeigh, Miùghalaigh, Orasaigh, Rònaigh, Sibhinis



RESAS

Rural & Environmental Science
and Analytical Services



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

Na tha eadar-dhealaichte eadar Ionad James Hutton (2021) is Sgìrean Eileanan na h-Alba (2023)

Gu h-ìosal gheibhear an t-adhbhar son a bhith a' taghadh nan eilean a bharrachd aig Clàran Nàiseanta na h-Alba (NRS) a th' air an liostadh air an duilleig roimhe son cruinn-eòlas Sgìrean Eileanan na h-Alba (2023).

'S e an t-adhbhar airson a bhith a' taghadh a h-uile Eilean aig Clàran Nàiseanta na h-Alba (NRS) a tha an-dràsta, no a bha roimhe, le sluagh a bhith cinnteach de mhodh-eòlas cunbhalach air feadh nan sia Ùghdarras Ionadail. Mothaichibh gu bheil Clàran Nàiseanta na h-Alba (NRS) a' comharrachadh eilean mar fhear a tha an-dràsta no a bha roimhe le sluagh ma tha co-dhù aon Àireamh Iomraidh air an eilean son Puing Lìbhrigidh Shònraichte leis a' Phost Rìoghail (UDPRN). Tha e furasta aithneachadh dè na h-eileanan a tha NRS an-dràsta, no roimhe, air measadh mar fhear le sluagh leis gun deach còd sònraichte trì-fhigearach eadar 000 is 180 a thoirt dhaibh leis an NRS.

An àite nan ceud eilean a chaidh a chleachdadh an toiseach le JHI, thèid na h-eileanan a chaidh a mhìneachadh leis an NRS mar feadhainn a tha an-dràsta no a bha roimhe le sluagh a chleachdadh mar an fho-sheata eileanan sa chruinn-eòlas. Cuidichidh seo gus an cruinn-eòlas a dhèanamh nas seasmaich san àm ri teachd is nì e cinnteach nach fheum ùrachadh gu tric nuair a tha UDPRNan air an cur ri no air an toirt air falbh bho eileanan is na h-inbhean sluaigh aca ag atharrachadh. Mar sin 's e an aon àm far am bu chòir gum feumar cruinn-eòlas Sgìrean Eileanan na h-Alba ùrachadh ma tha eilean nach deach roimhe a mheas le sluagh leis an NRS a' faighinn UDPRN a' Phuist Rìoghail, is gu bheil e air sgàth sin a' faighinn an ath chòd shònraichte trì-fhigearach (is 's e sin còd 181).

Tha clàr-luirg ri fhaighinn son a h-uile fear de na 180 eileanan a fhuair còdan sònraichte trì-fhigearach bhon NRS (motaichibh gun deach aon chòd sònraichte eadar 000 is 180 a leigeil dheth do dh'eilean a tha a-nis ceangailte ri tìr-mòr tro thalamh a chaidh a thoirt a-steach gus cabhsair a thogail).



RESAS

Rural & Environmental Science
and Analytical Services



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

Co-dhùnadh

'S urrainn an cruinn-eòlas ùr aig Sgìrean Eileanan na h-Alba (2023) cuideachadh ann an a bhith a' cur cumadh ùr air dàta làithreach is a' cruinneachadh dàta ùr. Bidh dàta ùr mu eileanan a' leasachadh ar tuigse air na dùbhlain a tha mu choinneamh slugh eileanach na h-Alba. Tha an cruinn-eòlas ùr seo ga dhèanamh comasach coimeas a dhèanamh eadar dàta eileanan is tìr-mòr na h-Alba



Tràigh bhàn is uisge liath-ghorm na mara air latha samhraidh grianach aig A' Chaolas, Tiriodh, Alba



RESAS

Rural & Environmental Science
and Analytical Services



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

Goireasan eile

Gheibhear clàran eadar-ghnìomhail a sheallas atharrachaidhean sluaigh a rèir aois is gnè do Sgìrean Eileanan na h-Alba. Gheibhear cuideachd tomhasan sluaigh meadhan na bliadhna do Sgìrean Eileanan na h-Alba bho Chlàran Nàiseanta na h-Alba.

Tha an Sgioba Mìneachaidh & Saidheans airson Fiosrachaidh Chruinn-eòlais (GI-SAT) aig Riaghaltas na h-Alba air crìochan fhoillseachadh is còdan-S a bhuileachadh do chruinn-eòlas ùra Sgìrean Eileanan na h-Alba, ga dhèanamh comasach do luchd-cleachdaidh nas fharsaing a chur gu feum. Gheibhear iad seo air portal meata-dàta an dàta-spàsail is tro Chlàr Chòdan GSS na h-Alba.

Tha Sgìrean Eileanan na h-Alba stèidhichte air an fhrèam-obrach a chaidh a chruthachadh an toiseach le Ionad James Hutton son Rannsachadh Plana Nàiseanta nan Eilean (2020). Airson fiosrachaidh faicibh: Rannsachadh Plana Nàiseanta nan Eilean – Aithisg Dheireannach.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu Sgìrean Eileanan na h-Alba (2023), cuiribh fios gu: info@islandsteam.scot no SSDI.Metadata@gov.scot

Buidheachas

Bu mhath leis an luchd-rannsachaidh taing a thoirt do Jonathan Hopkins, Ionad James Hutton, son leasachadh a' chiad fhrèam-obrach 's e a' stiùireadh Rannsachadh Plana Nàiseanta nan Eilean Albannach às leth Riaghaltas na h-Alba. Chaidh an rannsachadh seo a stiùireadh le Ruth Wilson is Jonathan Hopkins. Tha sinn cuideachd taingeil do Bhuidhinn Chomhairle Rannsachaidh Rannsachadh Plana Nàiseanta nan Eilean airson an cuid fhios-air-ais air a' chiad fhrèam-obrach, is son obair inntearnaich Q-Step, Joanna Mroczka, Andriani Klefti is Sean Choon ann an a bhith a' maidseadh an fhrèam-obrach ri Raointean Dàta. Tha Q-Step maoinichte le Fonndas Nuffield is Comhairle an Rannsachaidh Shòisealta is Eaconamaich (ESRC).



RESAS


Rural & Environmental Science
and Analytical Services



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

Leas-phàipear 1: Sgìrean Eileanan na h-Alba aig Ionad James Hutton (2020)

- Chruinnich Ionad James Hutton eileanan na h-Alba fo 9 fo-sgìrean sònraichte, mar a chithear air a' mhapa seo ([fiosrachadh an seo](#)).
- Bha na fo-sgìrean air an cruthachadh bho eileanan fa leth ann am mìneachadh [Eileanan NRS 2020](#), a chaidh a chomharrachadh mar eileanan a bha dualtach a bhith le slugh, a rèir fiosrachaidh bho Chlàr Chòdan-puist Albannach an NRS son 2020. Chaidh a h-uile eilean a bh' air a thaghadh mar phàirt de na fo-sgìrean a mheas le slugh, a rèir [Clàr Chòdan-puist na h-Alba son 2020](#) (tha sin ri ràdh gun robh co-dhiù aon Phuing Lìbhrigidh Puist Rìoghail aca).



RESAS

Rural & Environmental Science
and Analytical Services



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba